



Ag ath-nuadhachadh deamocrasaidh tro neo-eisimeileachd

BUILDING A NEW
SCOTLAND



Geàrr-chunntas

Tha an sreath 'Togail Alba Ùr' a' toirt an fhiosrachaidh a tha a dhìth do dhaoine gus roghainn fhiosraichte a dhèanamh ann an reifreann air àm ri teachd na h-Alba.

Tha an dàrna pàipear seo a' mìneachadh beachd Riaghaltas na h-Alba gu bheil còir aig daoine a tha a' fuireach ann an Alba taghadh ciamar a bu chòir dhaibh a bhith air an riaghladh agus co-dhùnadh am bu chòir do dh'Alba a bhith na dùthaich neo-eisimeileach.

Tha Alba na nàisean taobh a-staigh na Rìoghachd Aonaichte (RA), le a pàrlamaid fhèin agus riaghaltas taghte.

Coltach ri Riaghaltas na Cuimrigh, tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gur e comann saor-thoileach de dhùthchannan a th' anns an Rìoghachd Aonaichte agus gum bu chòir spèis a thoirt do na beachdan a nochdas muinntir na h-Alba ann an taghaidhean.

Bho dh'fhàg an Rìoghachd Aonaichte an t-Aonadh Eòrpach (AE), tha Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte air gabhail ri barrachd is barrachd laghan a tha a' dol thairis air cumhachdan Pàrlamaid na h-Alba.

Ma gheibh iad taic bho mhòr-chuid de bhuill, faodaidh Taigh nan Cumantan san Rìoghachd Aonaichte agus Taigh nam Morairean, a tha neo-thaghte, cumhachdan Pàrlamaid na h-Alba atharrachadh, no eadhon cur às dhi, aig àm sam bith.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh gun tèid spèis a thoirt do cho-dhùnaidhean na h-Alba, agus gun tèid an dìon agus an neartachadh.

Tha Alba mar-thà air buannachd fhaighinn bhon chomas co-dhùnaidhean a dhèanamh air cùisean far a bheil cumhachd aig Pàrlamaid is Riaghaltas na h-Alba.

Fo riaghaltasan eadar-dhealaichte, tha na buannachdan sin a' gabhail a-steach stèidheachadh cùram pearsanta an-asgaidh do sheann daoine, cur às do chosgaisean cungaidh-leigheis is fiaclaireachd, agus dìon foghlam oilthigh gun chìsean agus an NHS bho phrìobhaideachadh.



Tha teaghlaidhean air teachd a-steach ìosal air cuideachadh fhaighinn le cosgaisean bith-beò tro cheumannan mar Pàigheadh Pàiste na h-Alba.

Tha co-dhùnaidhean Riaghaltas na h-Alba air siostam chìsean nas cothromaiche agus nas adhartach a chruthachadh far an do phàigh a' mhòr-chuid de luchd-pàighidh chìsean na h-Alba, ann an 2022-23, nas lugha de chis teachd a-steach na bhiodh iad air pàigheadh nam biodh iad a' fuireach ann an àite eile san Rìoghachd Aonaichte.

Tha an siostam bhòtaidh a thathar a' cleachdadh aig taghaidhean ionadail is pàrlamaid na h-Alba cuideachd nas cothromaiche na tha e aig ìre na Rìoghachd Aonaichte, le àireamhan BPA bho dhiofar phàrtaidhean nas riochdachail air bhòtaichean an t-sluaigh.

Tha sianar BP bhon phàrtaidh riaghlaidh aig Westminster an-dràsta a' riochdachadh na h-Alba agus chan eil iad air taghadh a bhuannachadh ann an Alba airson faisg air 70 bliadhna. Airson 39 de na 77 bliadhna bhon Dàrna Cogadh, tha Alba air a bhith air a riaghladh le riaghaltasan na Rìoghachd Aonaichte a chaidh a thaghadh le nas lugha na leth de sgìrean-taghaidh na h-Alba.

Fon t-siostam a th' ann an-dràsta, is e fhathast Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte agus Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte as urrainn co-dhùnaidhean a dhèanamh mu iomadh cùis a bheir buaidh mhòr air beatha làitheil dhaoine.

Nam measg tha co-dhùnaidhean mu dhìon agus am bu chòir do Alba a bhith san Aonadh Eòrpach. Tha e cuideachd a' toirt a-steach co-dhùnaidhean air prìomh phoileasaidhean lùtha leithid ìrean taic do phròiseactan ath-nuadhachail.

Bidh Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte a' dèanamh a' mhòr-chuid de cho-dhùnaidhean mu ghearradh no àrdachadh chìsean, peinnseanan agus sochairean leithid Creideas Coitcheann.

Mar a chaidh a mhìneachadh gu mionaideach sa chiad phàipear, tha co-dhùnaidhean Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte, ann an iomadh raon, air droch bhuaidh fhad-ùine agus mhillteach a thoirt air na daoine a tha a' fuireach ann an Alba.

Tha seo a' gabhail a-steach nach do rinneadh tasgadh air teachd-a-steach na h-ola bhon Chuan a Tuath ann am maoin a dh'fhaodadh, a rèir aon tuairmse, a bhith luach còrr is £500 billean a-nis – timcheall air trì uiread teachd a-steach nàiseanta bliadhnail na h-Alba.

Chaidh Alba a thoirt a-mach às an Aonadh Eòrpach a dh'aindeoin bhòtadh airson fuireach, agus tha aonta Brexit Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte ga dhèanamh nas duilghe do dh'Albannaich siubhal, obair, malairt agus gnìomhachas a dhèanamh ann an dùthchannan an Aonaidh Eòrpaich.

Tha Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte air diùltadh cumhachdan a thoirt seachad air imrich a dh'Alba. Tha seo a dh'aindeoin gur i Alba an aon phàirt den Rìoghachd Aonaichte far a bheil dùil gun tuit an àireamh dhaoine aig aois obrach thairis air an ath 25 bliadhna, a' ciallachadh gum feum sinn tàlant a thàladh bho thall thairis.

Ge bith dè na geallaidhean a nì Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte mu bharrachd chumhachdan a thoirt do dh'Alba, aig a' cheann thall, is ann fhathast aig Westminster a bhios an cumhachd co-dhùnaidhean a dhèanamh.

Tha mòr-chuid shusbainteach a-nis ann am Pàrlamaid na h-Alba aig a bheil dealas gus neo-eisimeileachd a thoirt do mhuinntir na h-Alba tro reifreann, agus a chaidh a thaghadh air sgàth sin.

Cuiridh neo-eisimeileachd an cumhachd gus co-dhùnadh a dhèanamh mu àm ri teachd na h-Alba ann an làmhnan na h-Alba, le co-dhùnaidhean gan dèanamh le riaghaltasan a chaidh a bhòtadh a-steach le muinntir na h-Alba.

© Riaghaltas na h-Alba 2022

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Iuchar 2022.

ISBN: 978-1-80435-737-8

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1123682 (07/22)

